



b. 9.

H.M. 75.

Jy 60. p. 292.











MARBH-RANN

DO

DHOMHNULL MUNRO,

LE

IAIN MORASTAN,

MAILLE RI

MARBH-ROINN

DO

MHR. RUARADH MACLEOID,

AGUS DO

AONGHAS MUNRO,

LE

GILLEASBUIG MAC-GILL'-IOSA,

---

GLASCHU:

CLO-BHUAILTE LE GILLEASBUIG MAC-NA-CEARDADH,  
62 SRAID EARRAGHAIDHEIL.

---

1874.



Lauriston Castle  
LIBRARY ACCESSION

## ROIMH-RADH.

RINNEADH am marbhraann a leanas air an "fhlrean chòir" agus ainmeil, Dòmhnull Munro, leis an duine chomasach dhiadhaidh a dh' eug o cheann ghoirid 's na Hearadh, Iain Moristan, mu'm faoidte a ràdh an là dh'eug e, "gu'n do thuit Uachdaran agus duine mòr ann an Israel," agus d'am b'fheàrr "là a bhàis, no là a bhreith," neach nach d'fhàg a leithid eile 'sa Chinneach-Ghàidhealach a thaobh a ghibhtean, agus a thàlann mar Bhàrd-

Rugadh an duine eliùteach so Dòmhnull Munro, an sgìre-Phort-righ's an Eilean sgiathanach, mu'n cuairt do'n blàthadhna 1773. Agus chaill e 'fhradharc ann an laithean òige leis a Bhric, mu'n d'fhosgail an Tighearna sùilean inntinn, gu bhi a faicinn agus a' cur an cíll, saibhreas do-rannsachaidd Chriosd d'a chophacaich, a thaobh an robh iadsan dall ge d'bha fradharc an sùl aca. Bhàsach e air a bhliadhna 1830. An déigh na stiùbhardachd a fhuaire e o'n Tighearna a choimhlionadh gu dileas, a chum gloir Dhé, agus shiunte iomadh annan neobhàsmhoi d'am bheil "a chuid is mò bò gus a nis, ach tha euid diubh nan cadaid." 'San là an robh aineolas agus dorchaolas a còmhdachadh na Tire agus nach robh "guth an turtair, ach ainmig r'a chluinntinn innte," gidheadh 'san là dhorcha sin thog e suas 'na aonar Bratach, agus Fianuis Iosa Criosd, agus chum e suas iad araon gu treun gu là a chrière, an aghaidh iomadh doinionn namhasach a shéid air, is gann is urrainn do dhaoine, anns an là mheagh-bhlàth so a thuig-sinn, no a ghabhail a stigh, e thaobh "gun do sheas an Tighearna làimh ris, agus gu'n do neartaich se e, do bhrigh gu'n do mheas e dileas c."

Cha bhiodh e dhomhsa, ach ionann is dhomhain facal a ràdh mu chliù an duine dhiadhaidh so "oir bha deadh-theist aige o na h-uile dhaoine, agus o'n fhirinn féin" agus ged bhithinnse cho comasach, agos cho fòghluimte ri aon duine 'san Tir, cha tigeadh aon ni a b'urrainn mi 'radh mu dhéibhinn, ach falà, fada goirid air na tha'n Dàn so féin a' cur an cíll d'a chliú.

I. M. G.

## ACROSTIC.

*Anns am bheil a cheud litir do gach sreach a deanamh suas na facill a lean-as: Roimhradh beatha Dhomhnuil Munro.*

R uibhse tha guth anns an dàn so  
O 'luchd siubhail an fhàsaich,  
I s tha 'g imeachd 'nar tràillean  
M ar ri sàtan na truaigh';  
H o! nach gabh sibh gu tràthail  
R is a' ghlaodh tha o'n àirde  
A nn an trècair shaor gràsmhor  
D hé trid fàbhair an Uain;  
H -àr ro mhòr, a's creach lidir  
D huibh bidh cinnteach mur tár sibh,  
O bhinn pheacannan gràineil,  
B ha'gar taladh 's gach uair,  
H -aon tha feumach an tráth 's air,  
E isdibh cuireadh na slàinte  
A gus gealladh 'na ghràdh dhuibh,  
T hogas dhàsan sibh suas.  
H o! grad theich 's thig na chòdhail  
A ghabhail seilbh air a thrècair,  
D haingnich briathran a bheòil dhuibh,  
H -àmhghar mòr bhi 'teachd dlùth  
O 'n tha gealladh a' ghàire;  
M òr mu ghabhas tu còir air,  
H o! dean cabhag 's e'n tòir ort,  
N uair tha chòmhla neo-dhùint',  
U aith' bidh do sgaradh do-bhrònach  
I meachd t-anma gu dòruinn,  
L eis gach mallachd a's dòlas  
M ar do thrècair nach lúb,  
U ! bidh do léir-sgrios gu'n dòchas,  
N i gu'n fheum bidh do dheòir dhuit,  
R igh nan dùl dheanamh trècair  
O rt ma dheònaich a rún.

I. M.

# MARBH RANN

DO

## DHOMHNULL MUNRO.

Bidh cuimhn' is iomradh an còmhnuidh  
Air na fireanaibh èoire,  
Dh-ullaich Criosl'na thràcair  
A chum na glòire tha shuas,  
Is bidh an dàn so 'na chòmhradh,  
A' cuir an céill ann an òrdugh,  
Cliù is beus an deadh òglaich  
Dòmhnull Munro 'na mòr-bhuadh,  
A dhaingnich fianuis na chòir-san  
Ann an Ios' fhad's bu bheò e,  
'Sa shaoithrich dian ann an còmhrag,  
Air taobh a' ghlòir' fad a chuairt'  
Fo àrd-bhrataich na mòrachd,  
'Sna ghabh e dòn ann an dòchas  
Fo'n ghabh e fasgadh an còmhnuidh  
'Sa bha 'ga chòmhdaich mu'n cuairt.

'S aobhar iundrain 'san uair's thu  
Do mhòr àireamh mu'n cuairt duit,  
A rinn thu fhàgail nan truaghain  
Fo throm smuairin a'd' dhéigh,  
Na lìonas t'àite cha d'fhuair iad  
Ann an gibhtean 'sam buadhan :  
Leis gach tiodhlacea luachmhor  
A thàinig 'nuas ort o nèamh,  
'S mar rinn gràs an ath-nuadhach  
Anns gach pàirt thu cho buadhach :  
'Si nì ro àrd e r'a luaidh dhomh,

Gu a chuir 'san uair so am eáill ;  
 'S gun mo chomas ach suarach,  
 Gus do theist thogail suas leam,  
 'S gun mo chliù-s' ort ach luatha  
 G' a cur air smuadh do għlan-ġeimh

Fhuaradħ creidimh o Dħia leat  
 Air an ħobart choimħlioni ta,  
 Dhaingnich cōir tha neo-chrlochnach  
 Dhuit gu sorruidh 'na shiħi,  
 Fhuair thu'n Spiorad mar thloħħlae  
 A rinn do bhuadhan a riaghla,  
 Chum an cleachdadħ 'na rian-san  
 A rinn do lloanadħ le 'ghaqol :  
 Ghineadħ clann ann an Criosc leat,  
 Air do bhrollach chuir ciøchan  
 Chum an altrom mar chiochrain,  
 Le bainne fiorġħlan gun ghaoi,  
 Lag u's läidir 's am meudachd,  
 A réir am fäis anns an diadhachd,  
 Mar stiubbhard għicx rinn thu'm biadhadh  
 Oir bha'n fhialachd dhoibh saor.

Bha thu 'd'fhirean treun buadhach  
 Air carraig slàinte do-ghluuiste ;  
 Bu shaighdeir dileas bha stuam' thu  
 Gu treun toirt buaidh air feachd nàmh  
 Gidheadħ mar naomh fad do chuaire,  
 Anns an t-saogħal cha 'd'fħuaradħ  
 Aite fuirich bhiodh buan leat,  
 Gu gabħajl suaimħnejis no tħimħ.  
 Chum thu agad na fhuair thu  
 'Sna h-uile ccum anns na għluais thu,  
 'S tu coiseachd teann le dian luas-ruith  
 A chum na duais 'bha gu h-àrd,

'S ge d' bha do nàimhdean mu'n cuairt duit  
 A' cur nan geimhlean gu cruaidh ort,  
 Do dhlighe Chriosd t-fhear còir-fuasglaidh  
 Cha d'fhuair an diabhal uait càil.

Bha do bhuadhannan nàdurr'  
 O's ceann mhòrain 'nar là-ne,  
 Farsuing fosgaitl' am pàirtibh  
 Mar thaisgeach làn bha do chridh' :  
 'S tu gabhail beachd air mhodh àraig  
 Air gloir a's mòrachd an àrd righ,  
 Air oibre cruthaichte a làmhsan  
 'San doimhne, air làr, 's os do cheann,  
 'S do fhradhare sùl ged do dh'fhàg thu  
 Ri aimsir t-òige 'n ad' phàisde,  
 Fhuair thu dùbladh na àite  
 Gu d' ùngadh, slàinte an Righ,  
 Och mo bhròn 's m'aobhar näire  
 Ge d' tha mi mealtuinn mo dhà shùil,  
 Nach robh mi faicinn mar bha thu  
 Ri faicinn 's iad ort a dhìth.

Leis mar lìonadh o'n àird' thu  
 Leis gach tindlaca gràsmhor,  
 A chur rian air do phàirtibh  
 A' theagasg chàich air gach àm  
 Le faire dionaidh bu ghnàth leat  
 Bhi cur an céill dha do chàirdean,  
 Gach inneal gleusaidh bha'n nàmhaid  
 A' cur an àird' gus an call,  
 'S tu faicinn cuilbhheartan Shàtain  
 A' sgrios nam miltean gu'n teàrnadh  
 Bha t'anam fireanta eraiteach  
 'S do chridhe 'ga fhàsgadh 'gu teann  
 'S a thaobh mar ghleusadh le gràs thu

'S le beò eud chum an slàinte,  
 'S tric a dh'eubh thu nach b'fheaird iad  
 Luchd-teagaaisg fàs nam balg mall.

Is aobhar nàire do mhòran  
 A shealbhaich tàlannan mòra,  
 'Sa thogadh suas an am fòghlum  
 Fo ainm bhi beò 's iad fo'n bhàs,  
 Nach d' ruith a' choi-lige còmhlaigh  
 A chumail coiseachd 'san ròd ruit,  
 A ghlac an crann na do dhòrnaibh,  
 'S nach d' sheal ri d' bheò air do shàil  
 O nach do bhrist iad na còrdaibh,  
 A cheangail teann ris an fheòil iad  
 A dh'fhag neo-fheumail 'nan lò iad,  
 Gu sliochd thoirt beò a' chum fàis,  
 Is nach robh 'n anmaibh an còmhnuidh  
 Fo chumhachd teagaaisg am beòil duibh,  
 A dh'fhàgadh éifeachdach beòthail  
 E 'shluagh ro'-òrduicht' saor ghràis.

Is mar a lionadh le eud thu  
 Mar shearraig nuadh bhiodh gu reubadh,  
 Air taobh aobhar an Léigh sin,  
 A leighis creuchdan do chridh'  
 Thogadh fianuis gu treun leat,  
 An aghaidh teagaaisg 's mi-bheusau  
 Chinn-iùil nan dall bha gun léir-sinn,  
 'S nan naimhdean geur a bh'aig Ios'  
 Mar bacadh tròcair Mhic Dhé iad,  
 Rinn thu dhearbhadh 'sa sheuladh  
 Air dhoibh bhi trom fo'n an-éibhinn  
 Gur sgrios-léir dhoibh bu chrìoch,  
 'S cha b'ann a mhàin le do bheul  
 A rinn thu 'chaismeachd sin éigheach,

'S do b'leatha sìr chur an eàill doibh  
Gu'm b'aon bha ceusd thu le Criod.

'S ni bha ghmàth 'ga do leònadadh  
Bhi faicinn rian an luehd-treòraich,  
An aghaidh 'n teagaisg 's an eòlais  
Air reachdaibh glòrmhor 'n àrd-righ,  
'Sa toirt dearbhaidhean mòr air,  
A' chliù th'air gràsan Ichòbhah  
'S an gnàth toirt fiamuis 'sa còmhdaich,  
Nach b'iomann beòil doibh is eridh';  
Freumh gach uile bhi fo'n chleòca  
Gaoil an airgiot bu mhò leò  
Mar shaibhreas 's buannachd a b'dirdheire  
Na masladh 's bròn fo chuing Chriod,  
'San cleachdadadh féin air an dòigh sin  
'Se toirt na bréige da'n còmhradh,  
'Sa mhuinntir eudmhòr an còmhnuidh  
Fo lotaibh mòra da'n trèid.

'S ge d' bha diomhanas sgrìobhta  
'Na do shealladh gach aon uair,  
Air gach ni bh'anns an t-saoghal  
De'n d'rinneadh iodhail do mheall,  
A's ann bhiodh t'anam fo ioghnadh  
Ag anhare nitheanaibh tìmeil,  
'S tu faicinn làmh fir do ghaoil annt'  
O ! b'e do shiochaint gach àm  
Bhiodh tu sealbhachadh milseachd,  
Anns an tròcair a' b'isle  
'S ann a mheasadh a prìs leat,  
'Se luach na h-iobairt a bh'ann  
'S ged bu gheall-daingnich iad daonnan  
Dhuij-s' air lùnachd t'Fhir-saoraidh  
Timchioll-gheàrrta bha do chridh' leo,

Gu dlùth air Chriosd o's do cheann.

'Nuair bu dlùith' bhiodh do chòmhradh  
 Air nithe talmhaidh no feòlmhor,  
 Bha 'n earail naomh a thug Pòl dhuit  
 An cleachdadhl beò na do chrìdh',  
 Bhiodh do chainnt an deadh òrdugh  
 Fo bhlas ùr-labhraidh an còmhnuidh,  
 Le salann gràis a chum fòghluim  
 'S cha b'ann gu connspaid no strì,  
 Bhiodh t-inntinn shuas ris a' ghlòir sin  
 Air 'n do dhaingnicheadh eòir dhuit ;  
 Liont' le iongantas sòlais  
 'S tu 'mealtuinn dòchais làu-chinnt,  
 Air na beannachdan mòra  
 Tha'n co-cheangall sìorruidh na tròcail  
 Tre'n mheasadh tìm leat ro òirdheire  
 Ach air mhodh sònraicht' ro fhaoin.

Ge d' mheasadh aimsir diom-buan leat  
 Mheasadh tìm leat ro luachmhor,  
 A chleachdadhl dìcholl a's cruadail  
 Air taobh an Uain fad do là,  
 Do shìochaint féin 'dheanamh suas ris  
 Cha b'e a mhàin bh'ort mar uallach,  
 Ach anmaibh ghràsmhor a shluaign-san  
 A thogail suas dha do ghnàth,  
 'S o'n ghabh thu chuing air do ghuailibh  
 Gu dol tre dheuchainnean cruaidhe  
 B'e do chrìoch mar fhear-euairte,  
 Do thoradh suas a bhi fàs  
 'S do shùil a ghnàth togta suas ris,  
 An dùil ri gràs an àrd-bhuachaill'  
 A chum do shaothair 'bhi buadhach,  
 Gu anmaibh truagh 'thoirt gu slàinte'.

Bha thu truacanta bàigheil  
 Ris na braighdean bu tràilleil',  
 A bha 'nan ciomaich aig Sàtan  
 'Gan cumail làidir fo dhaors',  
 'S t'innidh thròcair làn gràdh dhoibh  
 Ge d' b'iad do naimhdean 's t'eascàirdean  
 B'e t'fhìor dhùrachd tre ghràs doibh  
 Gu sealbhaicht' slàint' leo gach aon  
 A thaobh do chaoimhneis do d' chàirdean  
 A bha tre Chriosd duit na 'm bràithrean,  
 'S aon bha do mhaoth-chridh' gu làthail  
 'Cur thairis làn doibh le gaol,  
 'S t' i giùlan iomhaidh an t' Slànuighear  
 Anas gach buaidh agus páirt dhioit,  
 'S mòr a chìte na d' fhàiltibh  
 Deth 'naomhachd àluinn ro chaomh.

Fhuair thu neart 'na do ghàirdein  
 Gu bhi gleachd ann an tàbhachd,  
 Fo na h-aìrm nach do dh' fhàilnich  
 Rinn treun thu 's làidir fo d' cheann,  
 A chaidh a mach 's gach cruaidh chàs leat  
 An aghaidh armait an nàmhaid  
 Air 'n tugadh buaidh fad do là leat,  
 Ge d' bha e ghnàth ort an geall  
 Ach fo cheannard do shlàinte  
 Bhrùth do nàmhdean fo do' shàiltibh  
 Is chuir thu ruaig anns gach blàr orr',  
 'S do chlaidheamh slàitht' annt gu teann  
 Bhiodh amhladh mòr air feachd Shàtain,  
 Ag éisdeachd gleusaïdh do chlàrsaich,  
 Is t'iollach fhuaimneach buaidh-làraich,  
 'N uair bhiodh an àire 'na do chàmp.  
 'S mar bha t'anmhuinn achd làthail

A' cur feum air ùr ghràs leat,  
 B'e do bheus bhi fein-àicheil  
 Cia cho àrd 's bhiodh do bhuaich,  
 'S faire shònraicht' a ghnàth ort  
 Nach deanta dìmeas no tòire,  
 An eor iosal air gràs leat  
 Ach g'a àrdachadh suas :  
 Cha b'ann le lòehràn a mhàin  
 A dh'imir Dòmhull tre'n fhàsach,  
 Ach ola an còmhnuid o'n lìnaichd  
 Nach do thràigh fad do chuairt,  
 Tre fhéin-fhiosrachadh gràsmhèr  
 'S tric a theagaisg thu chlàch e,  
 Nach b'ann uatha féin a bha'n slàinte  
 Ach tre fheartaibh blàth ful an Uain.

Do sholus naomh rinn thu leanmhuinn  
 Le cogais mhaoth agus anmhunn,  
 Is t-intinn chaomh cho neo-mharbhant'  
 O's ceann na talmhuinn do ghnàth,  
 Fhuair thu'n saoghal na chealgair  
 Le bhrionnal baoth cho neo-carbsach,  
 'S gun chuir thu thaobh e le 'shalchar  
 Mar phlaosgaibh falamha gun stàth,  
 Bu ghaisgeach treun thu 'bha calma  
 An aghaidh séisdeadh nan garbh-chath,  
 'S tu air do ghleusadh fo t-àrmachd  
 Uchd-éididh 's ceann-bheairt na slàint',  
 Gach ni bha'n déigh air sgrios t'anma  
 Rinn thu cheusadh 's a mharbhadh,  
 Is chlaoïdh thu'n fhéin toirt beul balbh dhi  
 Gu'n chomas labhraidx ach gràs.

Bha do bhuadhaibh 's do ghràsaibh  
 A' co-chòrdadh gun fhàillinn,

Ged bha'n fheoil 's a gath sàithte  
 Le teachdair Shàtain a'd dhéigh,  
 B'fhìor fhear-leanmhuinn air Paul thu  
 Fad do chuairete tre'n fhàsach,  
 'Giùlan uallach an àlaich  
 Is cùram gnàthaicht' an treud,  
 Bha'n ro-chùram-san lathail  
 A' luaidh dlùth riut mu t-àirnibh,  
 Is eallach trom aig cathair-gràis oit  
 Far 'm ba ghnàth leat bli treun,  
 'San Spiorad uchdmhaeaich o'n àird ort  
 Aig éigheach suas ri d' naomh Abba,  
 Gu'n cumite suas iad 's gach gàbhadh  
 A chum 's nach tàrladh dhoibh beud.

Thugadh gliocas a's ciall duit  
 A ghlacadh shionnach chum dionaidh,  
 Dearan òg nan crann-fiona  
 Mu'n rachadh 'n erionadh 's iad maoth,  
 Bha do phuineibh cho fìor-ghlan  
 'S cho geur-rannsachail diomhair,  
 'S nach tugte fasgadh do shion leat  
 A bhacadh diadhachd le daors';  
 Is t' fhaicill dlùth mar an ceudna  
 Nach mùchte gràs cia cho iosal,  
 A dh' fhaodadh Sàtan le 'lontaibh  
 A chumail shìos fo chruth gaoid,  
 Ach 'eumail taic' ris le dian-spairn  
 An aghaidh innleachd an diabhuil,  
 'San t-iomhas làn bha o Dhia dhuit  
 'Cuir buil air t'iarrtuis gu saor.

'N uair dh' fhosgladh suas duit gu fialaidh  
 Stòr na'm beannachdan sìorruidh,  
 'S a rinneadh stiùbhard le Dia dhiot

A chum a riaghlaadh gu saor,  
 Bhiodh pailteas lòin do na cìocraich  
 Is uisge bedò do na h-iòtmhoir,  
 'S do na leòntaibh sàr-ioeshlàint  
 A ghlanadh iorbhail gach gaoid,  
 Gach soitheach falamh bhiodh lìonte  
 Dheth 'n ola a' dhìoladh na fiachan,  
 'S cha bhiodh aon diubh nach riaraicht'  
 A nuas bho lìontachd na maoin  
 Oir bha 'n t-ionmhas ud sìorruidh,  
 Is creidimh 'gabhair coimhlionaidh  
 Air na geal'aibh ion-mhiannuicht';  
 A cuan neo-chriochnuicht' a ghaoil.

Gheibheadh lomnochdaich éideadh  
 Is balbhain fosgladh am béis ann,  
 'S lotan chridheachan réubta  
 Leigheas chreuchdan is leòn,  
 A 'neach bha caillte bhiodh deadh-sgeul air  
 Is gheibheadh anmhuinneachd tréine,  
 'Sa neach bha'n dorchadas léirsinn  
 Is laisge an euslaintich treoir  
 Is luibhre a' glanadh o 'bréine,  
 'S gach cneidh-ghalair no euail  
 Is uisgibh Iordan làn cífeachd,  
 Gu'n toirt gu sgèimh mar bu choir,  
 Dh'fhàs Abana neo-spéiseil  
 'S fhuaradh Parphur gun fheum dhoibh  
 Buailt' le plàighnean na h-Eiphit,  
 'S an uillt nach faoidte leò an ol.

'S an uair a shileadh an driùchd ort  
 Bu treun an gleachdair thu 'g ùrnuigh,  
 'S do chridh' teth cho maoth-bhrùite  
 'S tu tagradh dlùth trìd an Uain,

Tinnidh ghràidh an geur-dhùrachd  
 Fo fhrasaibh blàth nan gràs ùraich,  
 A' mealtunn làthaireachd a' ghnúise  
 Is deatach tùise a' dol suas,  
 B'fhearde neart na caol-sùmid' sin  
 Is b'fheairde taie na cuile bhrùite,  
 Toradh blà t'ìobairt-chùbhraidh  
 Dheth 'n ola ùngaidh a nuas  
 Gheibheadh doill an sabh-shùl ann  
 Is bacail leumnaich gu sunntach,  
 S rach' òighean eadail o dhùsal  
 Is mairbh a' dhùsgadh o'n suain.

Leis cho eòlach sa dh'fhàs thu  
 Air fear-easaid nam bràithrean,  
 Tha ri foireigneadh an àlaich  
 'S gan toirt a ghnàth leis a thaoibh,  
 Bha do mhaoth-chridh' cho bàigheil  
 'S gu'n rach' tu sios air a sgàthsan,  
 Do'n doimhne g'an teàrnadh  
 'San toirt o mhàig an droch aoin,  
 'Ga leantuinn féin air an sàltibh  
 A chum 'nam baideil a b'airde,  
 Do chruth chosamhlachd Shàtain  
 Ri obair gràis anns na naoimh,  
 Is cùram mòr ort mu'n tàrladh  
 Le Prionnsa Thìrus an àrdain,  
 Gu'n sgriosta a h-aon diubh le bàs  
 An neo-thimchioll-gheàrrt' ann an crìdh'.

'Nuair ghairmeadh t'anam do'n t-suaimhneas.  
 Dh'ullaich àrd-righ nam buadh dhuit  
 Bu ghoirt cràiteach an shuagh sin.  
 A bha mu'n cuairt ort a ghnàth  
 Bu fhrasach dédir air an gruaidhean.

'San eridhe leðinte fo chruaidh-chàs  
 Do thigh bu Bhòchim e 'n uair sin,  
 Le gal nan truaghan thu dh'fhàg,  
 'S cha b'ioghnadh mòr ged bu chruaidh,  
 Air fuil's air feòil do thoirt uatha  
 Sàrloid'-altrum cho luachmhòr  
 A thogail suas uath' cho tràth,  
 'S ge d' b'aobhar bhroine e cho luath leo  
 'Sa chaill iad eomunn an uasail,  
 Bha caoimhneil earthannoch trusail  
 S' an anmaibh fuaighte ruit an gràdh.

Bha thu'd chobhair gu fuasgladh  
 Air na bochdan fo thuairgneadh.  
 Bhiodh aig osnaich fo smuairin  
 Fo thuinn 's mi-shuaimhneis an sàs,  
 B' iuchair-fhosglaidh bha buadhach  
 Air cor nan déòraidh 's nan truaghan  
 A bhiodh le Sàtan g'am buaireadh  
 'S'g an eur 's gach uair fo chruaidh-chàs  
 Is iomadh éire a's nallach  
 A bhiodh ro throm air an guailnibh,  
 O'n d' fhuaradh saors' iomadh uair leò  
 'N uair ghlaoide suas leat nan ainm,  
 'Sa spealgta an cuibhreach gu luath dhiù  
 Fo ghiallaibh bàis bhiodh làn-bhuaidh ac'  
 'S bhiodh cliù saor ghràis a dol suas leò  
 Chum glòir àrd-bhuachaill an slàinte.

'Nuair thigeadh 'n làn sin a nuas ort  
 Gheibheadh peacach iom'-ruaigte.  
 Fo dhìeadh cogais 's làn uamhais  
 'S fo throm uallach a's sgìth,  
 Fois do'n inntinn thonn-luaisgte  
 Saorsa o gheimhlichibh cràidhe,

'San Spiorad naomh gu treun buadhach  
 'Gan toirt gu suaimhneas le sìth,  
 'San crìdhe redit bha fo'n fhuair-dhealt  
 Thigeadh beò le erith-ghluasad,  
 Is anail bheòil Righ nan sluagh ort  
 A' teachd a nuas mar threun 'ghaoith,  
 'S am fear bu treise 'se n uachdar  
 Is creach an t-Sàtain ga fuasgladh,  
 'S bhiodh ecòl do ghàirdeachais fuaimneach.  
 Toirt sgrios air cluain an droch-aoin.

Fhuair thu gealladh ro àraidh  
 A chiomhlionadh a'd' là dhuit,  
 Clann do chloinne fo àrach  
 An t-soisgeil ghràsmhoir ri d' linn,  
 Righ nan uamhas 'nuair thàinig  
 Cha d'chuir e fuathas no sgàth ort,  
 Cha robh gath ann a' bhàs dhuit  
 Ach gairm o àmhghar gu sìth,  
 Thàinig sàmhradh an àigh ort  
 Theich gach duibhre agus sgàile,  
 'S cha tig oidhche gu bràth ort  
 Do sholus làn bidh a chaoidh,  
 Dh' fhàg thu Senir's Amana  
 'S gach leòmhan's béisd a bha tàmh annt'  
 Do bheinn a mhírr is tùis aloes  
 Thug Aingle thu'n làthair an Righ.

'S ged tha do chomhar air fhalmh'cha'  
 Shios fo fhòidean na talmhuinn,  
 Tha t-fhianuis beò gu bith-labhraiddh  
 Ris na h-aingidh 'san t-saoghal,  
 'S mar tig gràs orr' ri aimsir  
 'Gan toirt beò tre'n ath-ghineamhuinn  
 Chi iad Domhul ged dh'fhalbh e,

A' teachd an armait nan naomh  
 A nuas o nèamh chum a dhearbhadh,  
 Nach breug no sgleò bha na shean'chas  
 'Sa chur Amen ri binn-dhamnaidh;  
 An dream a dhearmaid an saors',  
 A dh'ionnsuidh léir-sgrios d'an ammaibh  
 Gu ifrinn-theinteach g'an tearbadh,  
 Gu cuan neo-chriochmach ga'n tean'cas  
 Do dh'ionmlas feirge nach tràigh.

'S sin an t-àit am bi a ghairstinn  
 Anns na lasraichean feirge,  
 Is gath na cogais g'an teirbheart  
 'S Deimhnibh foireigneach g'an cràdh,  
 'N àmhunn ghoilteach is deirge,  
 Is tonn air thon a sìor ghairm dhoibh  
 Air peanas peacaidh ni's gairge,  
 'Sa dol an gairbhead gach tràth  
 O'n chuir iad cùl ris an tairgse,  
 Bidh teas na fùrnais nis scirbhe  
 'Sa deatach smùidreach bidh doirbh dhoibh  
 Gun dùil ri teanacas gu bràth,  
 'S ma mheas iad Domhull air mhearrachainn  
 'Nuair chuir c'n eíll doibh an amaladh,  
 Insidh sìorruidheachd d'an anamaibh  
 Gu'r iad gu dearbh' a bha baoth.

Ach 'n àm bhi tional an iarmaid  
 A glineadh leisan an Criosa,  
 Na shaothair-ghràidh anns an fhionlios  
 Tre fheartaibh siol chur nan gràs,  
 'Sa théid an gairm-san gu sialaidh  
 G'an togail suas anns an neulaibh  
 An còdhail àrd-righ na siocaint  
 An culaidh chiataich gun sal,

'Sa sheasas Domhnall 'na fhianuis  
 Air ceann a shliochd nan cruth-fiorghlan  
 Na thrusgan maiseach geal sgiamhach,  
 Le gnàis gun flàiamh ach gean-gràidh  
 'San Glaodh e'n àird le beul lìonta,  
 Feuch mis' sa chlann 'thug Dia dhomh  
 A' mhacaltuinn sòlais ion-mhiannuicht',  
 An tobair shìorruidh nach tràigh.

O'n fhuair iad fois ann an Criosda  
 Le'n chuir iad dòchas 'na ìobairt  
 Tre chreidimh bò air fhuil phrìseil,  
 Bhiodh dhoibh mar ioc-slàint' an slàint'  
 Air dhoibh bhi 'g osnaich gu h-ìosal,  
 Bha corp a bhàis dhoibh na Phriosan  
 'S ged bha gleachd ris na phian doibh  
 Bha suaimhneas sior'uidh do'n ghràdh,  
 B'e sud an sòlas a lion iad  
 An dùilan còmhnuidh làn mhiann air,  
 'S 'nuair thig co-làmh an triall dhoibh  
 'S iad làn choimhlionta na làthair,  
 Bithidh aobhar gloraich air Dia ac'  
 Feadh linn nan linntibh gu sìorruidh,  
 Gu'n ghairmeadh Dòmhull g'an spionadh  
 A mach á liontan a bhàis.

Ach tha thu nis anns na nèamhan  
 Le d' chlàrsaich òir air ùr-ghleusadh,  
 'S cha lagaich fuaim a cuid teudan  
 O sheinn laoidh éibhinn an Uain,  
 Cha chuir sruth Bhàbiloine cùs ort  
 O sheinn air gloir nan làithean réite,  
 Chriochnuich bròn bùthaibh Chédair,  
 'S cha'n i tìr Mhesech do chuairt,  
 Ach ionad Còmhnuidh an Dé sin

A rinn le 'ghlòir do làn-éideadh,  
 Cha tig sgleò air do léirsinn  
 'S cha'n fhaicear deur air do ghruidh,  
 Is gearain cràiteach fo dheuchainn  
 Cha tig gu bràth o do bheul ann,  
 Ach sonas lànachd nach tréig thu  
 Le Aingle treun ort mu'n cuairt.

'S neo-fhoirfeachd an tràthsa  
 Tha mar easbhuidh a mhàin ort,  
 Nach robh corp diomhair an t-Slànuighcar  
 'N iomlànceanachd leat shuas,  
 Ach 'na àm thig an là sin  
 'S nach bi easbhuidh no failinn,  
 Air bhùillenn dheth lànachd  
 'Nuair thig an t'àrd-Righ a nuas,  
 Bìdh an euirp mar ghlaine a' dearsadh  
 Air a glanadh 'san àmhuimm,  
 'Sa'n loisgear suas na h-eas-càirdean  
 Le'n d'rinneadh tàir air an Uan,  
 'S bìdh an anma geal a sìr dhealradh  
 'San com cho cuimte san aon nàdur,  
 An aonachd ghlòrmhor ro àluinn  
 Nach sgar am bàs gu bith-bhuan.

Ach tha sinne air ar fàgail  
 As do dhéigh anns an fhàsach,  
 A dol fo bhròn tre ghleann-Bhàca  
 'Sa Dhé bi ghnàth air ar stiùir,  
 'S lòn do thobraichean làn dhuinn  
 Slochdaibh dìonach neo-thràighe,  
 'S thoir dhuinn cìochan bhios slàinteil  
 Mu'n téid sinn bàs leis a ghrùid,  
 Thoir sinn beò le t'ùr-ghràsaibh  
 'S daingnich còir dhuinn na t'fhàbhar,

'S ullaich lòn dhuinn g'ar n'àrach  
 'S bi féin a ghnàth aig ar bùird  
 Thoir dhuinn innealaibh-t-àir'nidh  
 A chum g'un deòthlair ar sàth leinn,  
 Do ionmhas sòlais na lànachd  
 Tha'n cliabh an t-Slànnighear chiùin.

Cum bho dhion o na tairbh sinn  
 Oir tha'n bùireich a' scirm ruinn,  
 'S dion fo'd sgàil sinn o ghairbhinn  
 Droch cuideachd choirbte a mhi-rùin,  
 Dean ro chinnteach do ghairm dhuinn  
 Sgeaduich diongmhalt' fo t-airm sinn,  
 'S dean dhinn saighdearan eirmseach  
 Is aimsir dhoirbh oirnn teachd dlùth,  
 Dìon o chlosaich a' mhairbh sinn  
 'S dìon o thrombaid na foirm sinn,  
 Na biodh t'fhacal gun tairbhe  
 Ach ro shoirbheasach dhuinn  
 Na fág air cladach na failbh' sinn  
 Thoir fo sgàil nan craobh-pailme sinn,  
 'S bi na d' dhòn o gach stoirm dhuinn  
 Is neul na feirge o's ar ceann.

---



## ROIMH-RADH.

---

"BIDH cuimhne is iomradh math a chaoidh air an fhilein." "Se euid de na h-aobharan a th' air sin; air tuis gu bhi 'nochdadhl saoibhreas gráis Dé ann am muinntir ains an robb tomhas mòr dheth a' dealrachadh a nach. A ris bu chòir cliù dhaoine diadhaidh a bha ann roimhe so a bhi 'brosnachadh suas muinntir eile gu bhi a tagradh air son an tomhais cheudna de ghràs dhoibh fèin gus an deanainh feumail air son aobhar Chriosd nan là is nan linn. Agus fadheòidh tha tlachd àraig a' mluinntir do'm b' aithne iad agus a bhios g' an caoidh a bhi deanadh iomradh orra agus a cumail a cliù air chuimhne. Cha'n eil dòigh sam bith is buadhaiche air son so na bli 'ear slos euid de'n cliù ann an roinn no'n òrain. Bha Mr. Ruaraidh na dhuine mòr a thaobl buadhan inntinn, is mend an t-solais agus a chumhachd spioralail a bha air a chur ann an dealbh shoilleur gu leóir fa chomhair dhaoine. Tha oidhcirp air a thabhairt air an nì so leis an neach a chuir na roinn a leanas ri chéile. Ach mar a ta e fèin ag aideachadh, "Tha a chomasan ro-ghann." Agus gu cinteach tha sin flor a thaobl comasan neach sam bith ann ar là, cliù an duine urramaich a chur an eil. Feudaidh euid dol thairis air a chòir nan iomradh air cliù neach a dh' fhalbh, a feuchainn ri dreach a chur air an iomhaigh ni's mò na bhuiheadh dhoibh, ach a thaobl aon a bha 'n a dhuime ro urramach is ann a tha e duilich—ro dhuilich, ceartas idir a thabhairt d'a chliù. Cha'n fheud mise dhol a steach ann an tomhas sam bith air a' phuing sin, ach a mhàin a ràdh, a mheud 's do'm b' aithne Mr. Ruaraidh agus a bhrcanaich a chomasan, agus a ghràsan, their iad ann an leughadh an òrain so, "Is flor an t-iomradh so, ach tha e teachd fada geàrr." Agus a mheud 's do nach b' aithne e bitheadh iad cinnteach gur e an fhlinn a tha air a ràdh m'a thimchioll. Leanamaid a nis a chreidimh-san, a beachdachadh air crioch a chaithe-beatha. "Is beannaichte na mairbh a gheibh bàs's an Tighearna, chum gum faigh iad fois o'n saothair, agus leanaidh an obre iad."

IAIN FLETCHER.

BRACADEALE, 1874.

# MARBHRANN

DO

MHR. RUAIRIDH MACLEOID,  
*Ministear an t-soisgeul a bha ann a' Sniosart,*

LE

Gilleasbuig Mac Gill' Iosa.

Tha Sgìre Shnisort fuidh bhròn;  
Cha'n ioghnadh, 's mòr a chaill i;  
Chaill i'n ceannard 's an robh 'n dòigh,  
'S a lòchran anns an oidhche:  
Chaill i'm buachaill' 's an robh 'n t' iùill,  
'S an t-ùghdarras mar cheannard;  
'S na h-uile ceum a rinn e fhalbh  
Tha dearbhadh air mo chainnt ann.

'S fhada dh' fhan sinn na 'ar tàmh  
Ag éisdeachd gàir nan alltan:  
An dùthaich Bhàbeil ann an sàs;  
'S ar clàrsaichean gun srann ac'  
Air geugan selllich crochta suas,  
'S cha chluinnear fuaim 'n ar càmpa,  
Ach caoidh is bròn na luidh' fuidh 'n fhòd,  
'S nach pill nis mò d' ar n' ionnsuidh.

Sinn ri caoidh na luidh san uaigh;  
'S ann uainn tha 'r n' aobhar ionndrainn:—  
Mr. Ruairidh, ceann nam buadh,  
'N uair 'r eidh tu suas do'n chùbaid,  
Ebihdh osna throm bho ghrunnd do chléibh;  
Is staid da threud g' ad chiùradh,  
A bha thu 'faicinn ann an sàs  
Fuidh chumhachd bàis gun dùsgadh.

Ged tha iarrtus ann am rùn  
 Gu luaidh air cliù an fhìrean,  
 Tha mo chomasan cho gann  
 'S nach fhaigh mi cainnt ga 'n innseadh.  
 Do bhuadhan farsuinn thar nan ceud;  
 Chuir gràs an rian gach aon diubh;  
 'S chog thu ri d' naimhdean gus 'na ghéill  
 Le d' ehlaidheamh geur dà-fhaobhair.

An uair a dhùisgeadh thu le Dia,  
 'S an latha neulach dhorchá,  
 Chuir a námhaid tuil a d' dhéigh  
 A chum do ghnè a dhearbhadh;  
 Le daoine cumhachdach gun tùr  
 A dhùsgadh gu geur-leanmhuinn;  
 Ag iarraidh sochair cloinne Dhé,  
 Le reachd na cléir gun eanchainn.

Ach 'n tì a shonruich thu o thùs,  
 A chum a chliù mar shaighdear;  
 Chuir e spionadh ann do dhùirn  
 A chuir air cùl do naimhdean;  
 An uair a sheas thu suas leat féin,  
 A'n aghaidh chléircan aingidh;  
 A thug a bhreith do chur na d' thàmh,  
 Le lagh na stàit' mar cheann orr'.

Is iad an dùil gu 'm pilleadh tu  
 Gu ùmhlaichd thoirt do 'n òrdugh;  
 Is iad ga d' choimeas riu féin;  
 'S nach b' ionnan gnè is beòil doibh.  
 Cha b' ann troimh 'n dorus chaideadh iad suas;—  
 Na buachaillean gun eòlas,  
 Is dh' fhàg sin suarrach iad mu 'n treud,  
 'S gun aithn' ar feum air tròcair.

Ach bha thu dileas dha do Cheann  
 ('S tu fulang ainneart 's fòirneart.)  
 Do'n tì a chuimhnich ort 's a ghleann,  
 'S a sheall ort ann an tròcair;  
 'S a thug na lannan bho do shùil,  
 Gu'n d' thuig thu rùn Ichòbhah;  
 Is dh' fhàg thu 'n còmhnhard na do dheann,  
 Is ghabh thu greim air Sòar.

Is mar 'rinn Miriam 'n a là,  
 'N uair chaidh iad sàbhailt' còmhla,  
 Air talamh tioram, troimh 'n Mhuir-Ruaigh,  
 'S an cuan gun chomas dortadh:  
 Sheinn thu 'n t-òran binn le buaidh  
 Feadh eilean chuan is mòr-thir;  
 Is shéid thu 'n trùmpaid le sgal cruidh,  
 Gu'n cuala sean is òg i.

Is ghabh thu 'n t-ualach uile ort féin,  
 Bho Rhue 'Shlèit gu Tròdaidh;  
 Is uaithe sin gu Ath-nan-allt,  
 Far'm biodh na milltean còmhlà;  
 'S do ghuth mar thrùmpaid air dheadh ghleus;  
 Is Spiorad Dhé ga dhòrtadh,  
 Is mairbh a' dùsgadh ás an suain,  
 'S a gairm gu luath air tròcair.

'S bu mhòr ar sochair anns an àm,  
 'N uair bhiodh an càmpa cómhla;  
 'S an driùchd a' silleadh le do chainnt;  
 'S na h-uile ceann ga chòmhhdach!  
 'S do theagast fallain air dheadh stéidh;  
 'S air bhonn na réite 'n còmhnuidh;  
 'S an dorus fosgait', farsuinn fial;  
 'S tu gairm nan ecudan còmhla.

'S cha b' ann ri eaglais bhiodh do shùil,  
No cùbaid air a còmhdaich.

'S a dh' aindeoin farsuingeachd a stéidh  
Cha d' réidh do threud innt' còmhla.

'S ann 'bhiodh do shùil ri leas an t-sluaigh  
Bhiodh deas is tuath a' dòrtadh.

'S ge tric a shuidh sinn leat san fhuachd,  
Cha chualas neach 'thug leòn as.

'S na lionas t' àite dhuinn cha d' fhuair,  
'S cha dual dhuinn fhad 's is bed sinn.

Bha thu bàigheil ris a' chloinn,

'S ad shaidghear far 'm bu chòir dhuit.

'S an dream a cheangail riut le gràdh,

A' d' dhéigh tha cràiteach, brònach,

'S a caoidh an diugh nach robh thu ann,

Bho theann iad ris a' chomhstri.\*

O! b'e do chleachdadadh fad do là

Bhi gairm nam bràithrean còmhla;

'S mar leanabh beag bhiodh tu na 'n ceann,

Ach na do shoillse ghlórmhor;

'S na h-uile ceisd a bhiodh orr' cruidh,

Ga fuasgladh dhoibh le eòlas;

A chum nach d' thugadh tu ceannfàth

No àite do eas-cordadh.

Is bho na rinn sinn luaidh air t' ainm,  
A thaobh do dhealbh 's do mhòrachd:

Cha do dh' éirich ann ar là

Na thogadh t' àite còmhla.

A thaobh do ghliocais is do rian,

Do dh' iadhachd agus t' eòlais.

Bha thu a'd eisampleir do 'n treud,

'S na h-uile ceum cho còmhnaid.

\* The Union Controversy.

A thaobh do cheud-bhreith bha thu àrd,  
 'S tu càirdeach thaobh na fcòladh  
 Do dhaoine cumhachdach na tìr,  
 Dha 'm buinneadh innbhe 's mòrachd.  
 Ach 'n uair a thàinig am a ghràidh  
 Is lagh na h' àithne còmhla;  
 Dh' fhàs t' uil' urram dhuit gun 'fheum,  
 'S gach ni fuidh 'n ghréin ach tròcair.

Is mar rinn Dàibhidh anns a bhùtar  
 Ri lùithrich Shail. Le mórrachd  
 Chuir iad air i chum a dhion;  
 Ach 's ann a phian i'n t-òig-fhear.  
 Bha i na h' eallach dha cho trom,  
 'S a foidh-pe call a theòrrachd.  
 Thilg e dheth i, 's fhuair e saors',  
 Gu ruith air raon a chomhraig.

Bha thu a' d' nàmhaid mòr do 'n fhein,  
 Ri fad do ré 's an fhàsach;  
 'S tu cho eòlach air a beus;  
 'S i ionann gnè 's a nàmhaid,  
 Is b' fheàrr leath' deathad aig do bhòrd  
 Na beò-shlainte bho àireamh;  
 'S chuir lagh a chreidimh orr' an ruaig;  
 'S cha d' fhuair i agad tàmhachd.

Is iomadh fianuis dh' fhàg thu d' dhéigh  
 Air treubhantas do nàdair;  
 'S do shaothair ghràidh bho dheas gu tuath,  
 An àm eur suas nam pàilean.  
 Is bhiodh do bhriathran socair ciùin,  
 Le ùghadaras is dàmachd;  
 'S a chuid de 'n t-shluagh bu lugha dùr  
 Cha dùineadh iad an làmh ort.

Is cha be 'n saibhreas bh' agad féin  
 A dh' fhàg cho treun do làmhan;  
 Anns gàch togail a rinn thu  
 Bho Uig gu ceann an t-Sàile;  
 Ach do chreidimh na do Dhia,  
 'S air fialaidheachd nan cùirdean.  
 Is cha robh sgillin dheth 'n euid fiach  
 Gu 'n dìoladh air an là leat.

'S bi'dh cuimhn' air t'ainm air feadh gach linn,  
 A thaobl na rinn 's na dh' fhàg thu.  
 Do dhileab bhuan cha dealaich ruinn;  
 No iomadh linn a bhàr oirnn.  
 Bu mheadhoin chumhachdach is threun,  
 Rinn iomadh feum a'd' là thu;  
 'S cha b' ann gu saibhreas dha do threibh;  
 Ach maith an treud a dh' fhàg thu.

'S truagh nach tuiteadh t' fhalluinn ghaoil  
 Air 'n t'aon a thig a' d' àite.  
 Tomhas mòr do Spiorad Dhia,  
 Le ciall is tuigse nàdaир,  
 A dheanadh feumail e 'na linn  
 Do dhinnleachdain a dh' fhàg thu,  
 A tha ri caoidh 's a' dol mu'n cuairt  
 Mar uain a chaill am màthair.

Is bhiodh ar dòchas ris an driùchd  
 Bhi tigh'n as ùr o'n àird oirn.  
 "Mar fhrasan uisge air an fhonn  
 Is amhlaidh sin a ghràsan:"  
 'S bhiodh aon a' cur, is fear a' buain;  
 'S an tuarasdal bhiodh pàidhte;  
 Is iad co-oibreachadh mar aon,  
 Gu anama dhaoine 'theàrnadh.

Is bhiodh tu 'teagasc dha do threud  
 Le d' cheum dol suas do'n chùbaid;  
 Do shùil gu h-ìosal ris an lär;  
 'S do chridhe län do chùram,  
 'S tu 'tagradh diomhair ri do Dhia;  
 'S a g' iarruidh na h-ol-ùngaidh;  
 'S do chridhe län do ghràdh 's do thruas  
 Do'n t' sluagh a bha thu 'stiùradh.

'S an uair a thogadh tu do cheann,  
 'S a reidh tu 'n ceann na h' ùrnuigh,  
 Bhiodh do chainnt fuidh ùngadh gràis,  
 Mar fhrasaibh Mhàigh, 'toirt ùraich,  
 'S do shùil air toillteanas an Uain,  
 A thug a bhuaidh le ùmhachd.  
 'S is tric a dh' fhairich clann nan gràs  
 A toradh blàth is cùbhraidh.

Le 'n cuibhrichean bhi 'tuiteam dhiù,  
 Is lus ga thoirt dha 'n làmhan  
 Gu greim a ghlachdadadh mar as ùr,  
 'N uair bhiodh an lùs ga 'm fàgail.  
 'S a ghrian a' briseadh troimh na neòil,  
 'S an anama reota blàthach',  
 'S an aignidhean ag círidh suas  
 Fuidh bhuaidh na bhiodh tu 'g ràdh.

Bu tu fear-treòrachaидh nan uan  
 Air cluainta glas a chunhnant',  
 'S fear iomain sèimh na spréidh le 'àl;  
 'S fear àrach na cuile bhràite;  
 Bhiodh iad mar callach ort gach là,  
 Aig cathair gràis 'a t' ùrnuigh  
 Is tu ga 'n earbsa ris a Cheannu  
 Bhi air an ceann g'a stiùradh.

Is bi'dh ar dòchas gus a' chrìoch  
 Gu'n chuir thu siol a dh' fhàsas,  
 'N ceann iomadh là a dh' éireas suas  
 A' measg an t'sluaigh a dh' fhàg thu;  
 'S bheir sud an cuimhne dhuinn as ùr  
 Do theagasc drùiteach, gràdhach;  
 'S bidh cuimhn' air t' ainm air feadh gach linn,  
 'S cha tuit a chaoidh gu lär e.

Ach fhuair thu beannachd thar nan ceud,—  
 An céile bh' agad pòsda,  
 A bha air thoiseach 's gach deadh bheus  
 Air n' h' uile té a b' eòl dhuinn.  
 Le cùram mòr do dh' oighreachd Dhé,  
 'S a sùil gu geur an còmhnuidh  
 Air na bochdan o bhiodh rùisgt',  
 'S le h' uile rùn ga'n còmhdach.

Bu bhriagh' an sealladh ceann do bhùird,  
 Mar phlantuin ùr an òg-chruinn.  
 An uair a chruinicheadh iad gu léir  
 Bhiodh dà-reug ann còmhla;  
 'S mar fhionan tharbhach air an ceann  
 'Cur samhladh maith fa'n còmhair,  
 Is i ga'n oilean 's gach deadh bheus;  
 'S an eagal Dhé g' an seòladh.

'S mar fhionan tharbhach uasal i,  
 Is nighean Rìgh na glòire;  
 Is mu'n do ghairm È i gu sìth  
 Gun d' 'dhlòbair i 'cuid stòrais  
 Gu aobhar Féin a chumail suas  
 'Measg chinneach thruagh gun èolas,  
 Is co'n ar measg a rinn an gnìomh;—  
 Na bh' aice riamh 'thoirt còmhla.

Is mòr a thog thu féin de 'cliù  
 'S a chubaid; 's tu dha 'm b' eòil i;  
 'S tu'n déigh a caradh anns an ùir  
 'S do chridhe ciùirte, leòinte;  
 Ach bha do neart a réir do là;  
 Le cumhachd gràis ga d' chòmhnaidh;  
 'S do chreidimh bunaiteach dha taobh.—  
 Gu 'm b' aon a chaith gu glòir i.

Is iomadh àmhaghair 'choinnich thu  
 'N ad chùrsa dol troimh 'n fhàsach;  
 Agus deur a shil do shùil,  
 'S do chridhe brùite, cràiteach,  
 An uair bha'm bàs gun ioc, gun truas,  
 A gearradh uat an àlaich,  
 Bho'n 'chuir thu naoidhnear dhiù 'san naigh,  
 Is bean nan bñadh—a màthair.

Sud uile ged a choinnich thu,  
 Is iomadh cùis a bhàr air;  
 Bha do dhòchas daingean treun  
 Air stéidheadh nach do dh' fhàilnich.  
 Is ghléidh thu 'n creidimh, 's thug thu bhuidh,  
 Na thaic dol suas troimh 'n fhàsach;  
 Gus an d' thug e thu fadheòidh  
 A null air Iordan sàbhailt'.

Is tha thu 'nis 's do sholus làn,  
 Aig t' fhois 'ad' àite còmhnuidh:  
 Do phailm 's do chlàrsach na do làimh;  
 'S tu seinn gu binn an òrain,—  
 Do 'n ti rinn sagart dhiot is rìgh,\*  
 'S a dhionnlaid uait do neo-ghlain,  
 'S a shiab na deuraibh o do shùil,  
 'S a chuir an crùn le 'ghlòir ort.

'S tha ecòl do chlùrsaich fonnmhòr àrd,  
 A' seinn air gràdh t' fhir-saoraidh;  
 'S do bhuaadhaibh làn do dh' iognadh gràidh,  
 'S cha tig gu bràth ort eaochladh.  
 Tha 'n t-aonadh dùiomhair bh' ann o chian  
 An déigh comhlionadh fhaotainn,  
 Is theich t' uil' anmhuinneachd mar neòil  
 Roimh chumhachd glòir do shaorsa.

Ach thig thu fhàthast anns an neul,  
 An comunn Dhia 's nan ainglean,  
 A chum gach eùis a thoirt gu erìch  
 An fhìrinn mar a gheall E,  
 "Mar chaidh e suas gun d'thig e nuas,"  
 A ghairm an t'shuagh gu cunntas,  
 'S bidh Mr. Ruairidh 'eur *Amen*  
 Ri sgrios a mheud 's a dhiùlt E.

\*Gníomh. 1 ii,

## ROIMH-RADH.

---

THA am Marbh-radh so ann an cuideachd an aoin a tha air a chuir ri chéile air son Mhr. Ruaraidh. Is math a bhuineas e dhoibh a bhi cuideachd, oir tha sinn a' creidsinn gu bheil iad fén cuideachd ann an Glòir. Bha Aonghas Munro ann an Criosd roimh Mhr. Ruaraidh, ach an uair a chuireadh esan mar an ceudna a steachdri teaghlaach a chreidimh bha an dithis ro ionmhuinn le aon a chéile. Gach fear a faicinn lomhaigh Criosd anns an neach eile. Tha cliù Aonghais Munro ro mhòr 'san Eilean Sgiathanach; ages bitidh iomadh là. Bha naomhachd a chaithe-beatha, eud diadhaidh, treibhdhireas aidiche, ghràdh bràthaireil, a sheasmhachd air taobh na firinn gus a chrìoch, soilleir do na h-uile d'am b' aithne e. 'N uair a bha e 'na dhuine òg laidir bha e air àircamh dhaoine fiadhaich na tire. Bha uime sin obair gràis ro shoilleir ann. 'S flor ma thimchioll, "Far an do mheudaicheadh am peacadh bu ro mhò mheudaicheadh gràs." Tha gach ni a tha air a chur sios 'san òran so flor ma thimchioll. Tha sinn a' creidsinn gu bheil e fén a nis a' seinn Orain Mhaoris agus an Uain.

IAIN FLETCHER.

BRACADALE, 1874.

# MÀRBH RANN

DO

AONGHAS MUNRO,

LE

GILLEASBUG MAC GIL'IOS'

Anns an ochdamh ceud deug dhuinn, (1837)  
Trè fichead bliadh'n' deich 's a trè,  
Thuit a gheug anns an fhionlios,  
A thug neul air ar tìr:  
Thàinig teachdair g' ad iarruidh,  
'N uair thàinig crìoch air do thim;  
'S ann air feasgar na sàbaid  
A ghabh thu slàn leis an t-saogh'l.

S' fhuair sinn sgeul a chuir gruaim oirnn,  
Gu moch Diùain 's a' mhìos Mhàigh;—  
Aonghas Roghach an diadhair  
An déigh triall uainn do nèamhl;  
'S chaidh ar talamh air ghluasad  
An uair a chualas do bhàs;  
'S na h-uile aon a' toirt fianuis  
Gu 'm b' aon thu dh' iochdarain gràidh.

'S beag an t' ioghnadh do chéile  
'N àm luidhe 's éirigh 'bhi truagh;  
Gun do ghuth aic' ri éisdeachd;  
Do ghuidhe gheur, 's do spairn chruidh.

Ara an cleachdadadh na h-ùrnuigh,  
 Is t' iobairt chùbhraidh 'dol suas;  
 'S tu na d' aon de 'n luchd-ainneart  
 A ghlac an rìeghachd le buaidh.

S' tha iomadh aon de na bràithribh  
 An diugh sa 'n fhàsach ga d' chaoidh;  
 'S ann diù Dòmlinull is Raonull,  
 Mr. Lèmon, 's Mac Cuinn;  
 'S iomadh aon eile bhàrr orr',  
 Nach gabh àireamh 's na rainn s',  
 'S Maerath mòr ann an Uige,  
 Bu't ric chuir t-ùrnuigh air aoidh.

Cha be dì-chuimhn' na tàire  
 Rinn sinn air càch gun 'toirt linn;  
 Ach iad rò-lionmhòr an àireamh,  
 Air feadh gach ceàrnidh na 'r tìr,  
 'S uid nach fhaca le 'n sùil thu  
 An iomadh dùthach ga d' chaoidh  
 Oir bha thu ainmeil 's an diadhachd  
 Os ceann nan ceudan na d' linn.

Bha thu ad fhìrean bha treubhach,  
 Nach d' thugadh géil do nì faoin,  
 Ach bhiodh solus na firinn  
 Ga d' chumail dìreach gach taobh  
 'S 'n uair a thàinig a' chòmhstri, \*  
 Is bliadhna bhrònach na roinn,  
 Cha do thaitinn an dòigh riut,  
 S' cha d' thug thu bhòta le boim.

Ghléidh thu agad na fluair thu,  
 'S do shùil air buachail an treud,

\* The Union Controversy.

Neach a sheas anns a' chruaidh ghleac,  
 An àite shluaign, 's nach do ghéill,  
 'S bha thu eudmhòr mu àithne;  
 'S tu teagasg chàich bhi da réir;  
 'S erios do leasraidd gun fhuasgladh  
 Gu 'n d' thug thu bhuaidh 's a bhlàr-réis.

Bu treun an gleacair thu 'g ùrnuigh,  
 'S tu tagradh dlùth trid an Uain.  
 'N uair a thigeadh an driùchd ort  
 Bhiodh deatach tùis a' dol suas.  
 'S tric a dh-éigh thu le dùrachd,  
 Le d' uile neart ann ad ùrnuigh,  
 Gu 'n d' réidh a ghàirdean a rùsgadh,  
 Gu mairbh a dhùsgadh o 'n suain.

'S ann an coinneamh na Ceiste,  
 Bhiodh tu na d' sheasamh air tòis,  
 'S cha b' ann a ghabhail do leasain,  
 Le briathribh deisseil gun sùgh;  
 Ach gu rannsachail dìleas,  
 Bu ghoirid leinn bhiodh an ùin',  
 Bhiodh ungadh gràis air do chòmhradh;  
 'S bu tric na deòir o do shùil.

Ged bha thu teaghmhach mu àireamh,  
 Bu mhòr do ghràdh air a chlòinn,  
 D' an d' thug thu rìm agus àite  
 An ath-bhreith shluainteal bhi amnt'.  
 Oir bha thu dhoibh na d' eid-àraich  
 'N uair 'bhiodh an càil a' fàs fann.  
 Bu tric a fhuair iad tre t-ùrnuigh  
 Neart as ùr on' a Cheann.

Bha thu 'giùlan na fianuis  
 Gu treun neo fhiamhach a ghnàth;

Bnn an eronachadh peacaidh:  
 Be sud do chleachadh gach lù,  
 'S bhiodh na h-aingidh le gealtachd  
 Gu trie ga d' sheachnadh le nàir  
 Chionn gu'n innseadh tu 'n fhìrium,  
 Is biinn an dìtidh gun sgàth.

'S ann an coinneamh nan òrdugh;  
 An uair 'bhiodh mòran ann cruinn;  
 Bhiodh do shùil air an òigridh,  
 Is iad ga d' leònadh le 'n einn.  
 Bu tric a chronuich thu 'n dòigh dhoibh,  
 Le reachd Iehòbhah 'toirt cinnt,  
 Mur a' faigheadh iad tròcair,  
 Gu'm biodh iad brònach a chaoidh.

'S beag is urrainn sinn innseadh  
 Do chliù an fhìrean a dh' fhalbh,  
 A bha torrach 's an fhìonlios  
 Fad iomadh bliadhna—làn dearbht';  
 Mar chrann pailme 'fàs suas thu,  
 'S do dhuileach uaine gach lù;  
 'S leis gach torradh bu chùbhraidih  
 Do mheangain 'lùbadh gu lär.

Sinn a dh' fhaodadh a ràdhtuinn  
 Mar 'thubhairt *Dà' idh* 's e caoidh,  
 "Gun d' thuit priomns' agus àrmunn"  
 'S bu mhòr a bheàrn thu 'n ar linn;  
 'S gun neach ag éiridh 'n ar làthaibh  
 A thogas t' àite 's do rùm.  
 'S mar a seall E 'n a ghràs oirnn  
 'S e coltas fàsaich a th' ann.

Och! Aonghais, ma dh' fhalbh thu  
 Uainn suas do dh' armait na naomh;

Cha robh do leth-bhreac ach ainnmig  
 Air feadh na talmhuinn ri d' linn.  
 Bha thu a'd' nàmhaid do 'n pheacadh,  
 'S gach àit' am fac thu e riamh;  
 Ann an còmhradh no 'n cleachdad,  
 Bhiodh tu ga chasgairt gu dian.

Bhiodh tu làidir is anmhuinn,  
 Treun is leanabaidh gun ghò,  
 'S iomadh uair air bheag earbsa  
 Gun d' réidh tu sheilbhachadh glòir;  
 'N uair bhiodh an nàmhaid gu cealgach,  
 Le tuil de shalehar na fèòl'  
 Gà d' chumail domhain 's an làthair,  
 'S e 'n dùil gun àieheadh tu 'chòir.

Ach 'bha turras gun dòbradh,  
 A bha dhuit dìleas bho thùs;  
 'S a thug còir dhuit na dhileab,  
 Nach d' théid gu sìoruidh air chùl.  
 'S bha E dlùth dhuit 's gach cruaidh-clas  
 Is thug E buaidh dhuit 's gach cùis;  
 Gus an d' thug e fadheòidh thu  
 A null air Iordan le d' chliù.

Ach tha thu 'nis ann an àite  
 Nach ruig nàmhaid thu 'chaoïdh  
 'S an tigh nach d' thogadh le làmhaibh,  
 Mar dh' imnis Paul do 'n a chloinn,  
 'N uair a thuiteas am pàilluinn,  
 'S a gheibh am bàs a chuid-roinn,  
 Theid an anma gu Pàras,  
 A dh' ullaich gràs air an cionn.

'S bidh iad ann o gach ceàrnaidh,  
 A' seinn gu h-àrd air an teud:

Cuid 'n uair bha iad 's an fhàsach  
 Nach tuigeadh càmain a chéil';  
 'S cuid le cuilbheartan Shàtain  
 Bha 'deanamh tàir air a chéil',  
 Ach rinn eumhachd a ghràis iad  
 Na 'n aon nan nàdur 's na 'n gnè.

'S bi'dh iad a' feitheamh le ionndrain  
 Ri guth na trùmpaid, gu 'n cluim,  
 A' tighinn le caismeachd an dùsgaidh  
 'S a ghairm gu cunntas na bh' ann:  
 'N sin thig ari duslach ga 'n ionnsuidh,  
 Gu fallain cùbhraidh gun inheang;  
 Is gheibh iad seilbh air a chéile,  
 Chum moladh Dhé gu neo-fhann.

Is sonas, sìorruidh, gun cheann air,  
 A bhithcas an acibhlmeas 'an glòir,  
 Cha ruig daoine no ainglibh  
 A chur an cainnt mar bu chòir.  
 Ach mar 'dh' fhoillsich an fhìrimm,  
 Cha 'n urrainn sian dhol an còrr;  
 Gu 'm bi sluagh ann gun àireamh  
 'S gach aon le 'chìarsaich ri cedl.

A' Chríoch.





















